

'N sin sheinn iad gun gho an comhlan Aingeal,
 Gun robh gloir do Dhia ann sna h-airdibh :
 Air thalamh gun robh sith, 'sgach linn, a mhaireas,
 Is deagh ghean do dhaoinibh, is cairdeas ;
 Tha'n f'hanuis so fior am briathribh fallain,
 Rinn Buachalean Bheth'lem a dhaingneach,
 Oir th'fhuair iad e fein 'm bratspeilidh 'm prasaich,
 Mar labhair an t-Aingeal, le chaint riu.

Gu'n soilsicheadh Dia ar ciall, 's ar tuigse,
 Gu'm faiceadh mid taisbean a ghraidh dhuinn,
 An isleachadh Chriosd, bha'm pian, 's an fulangais,
 Mar dhearbhadh ro-shoileir a bhaigh ruinn ;
 Oir dhilain an Treunf hear fein, fuidh mhasladh,
 Ar peacainean lianmhор, 's ro oilteil ;
 Is dhoirt e gu tla f'buil bhlath sa mhachair,
 Fuidh'n chorruich, bha sinne a toiltinn.

Seallaibh gu dlu, is lubibh taris dha ;
 Seallaibh air Criosd ann an teantachd ;
 Fullang nar'n aite, ga fhasg, 's ga theannachadh,
 Fuidh'r peacanaibh lian-mhor mar bheantuibh ;
 Anam an sas, gu'n tamh, gu'n lasachadh,
 Is trioblaid aig iadhadh gu teann air ;
 Pian ifrinn, is eangach bais ga ghlacadh :
 Ach ghrad thanig crioch, agus ceann or'

Nis abraibh le taingealachd bhla bhur criodh,
 Nach robh e na shaibhreas a ghraidh dhuinn ?
 An Leanamh ro-naomh an aite pheacach,
 Is ceartas ga agairt, gun bhaigh ris ;
 Oir thilg se e fein sa bheum gu gaisgeil,
 Is luidh e fuidh'n chorruich, gu'r tearnadh ;
 Is choisin e bhuaidh, an t-Uan, thar ifrinu,
 'S tha reite ann do pheacuich, is slainte.